



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

SULTAIN 2021 / SEPTEMBER 2021

TEACHDAIREACHD BHON CHEANN-SUIDHE

Fàilte chridheil oirbh gu Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 ann an Inbhir Nis! Bhon a dh'fhoillsich sinn amas Mòd a chur air adhart am-bliadhna tha sinn air a bhith ag ràdh gum biodh e eadar-dhealaichte bhon àbhaist, cha ghabhadh sin seachnadh ri linn riaghailtean Covid agus mar a bha glasadhbh-sluaigh air cothroman cruinneachaidd agus deasachaidd fharpaiseach a chuingealachadh. Ach fiù 's ged a bhiodh buidhnean fharpaiseach deiseil agus deònach cha robh cinnt ann gum biodh seinn bhuidhnean ceadaichte, agus mar sin tha sinn a' sùileachadh gur dòcha nach bi uimhir a' tadhal air a' Mhòid am-bliadhna.

Bhithinn air leth toilichte nan dearbhadh sibh mo chuid fàidheadaireachd ceàrr, ach dha na thig a dh'èisteachd aig farpaisean beò agus aig cuirmean-ciùil feasgair, tha sinn moiteil da-rìribh gum bheil dìcheall an sgioba againn a' ciallachadh gun cluinn sibh sàr cheòl agus gum faic sibh a' Ghàidhlig air a foillseachadh le spèis agus urram! 'S e an subhachas sin nar dualchas, agus an càirdeas a tha cho nochdte am measg a' chruinneachaidd sluaigh, priomh amas a' Chomuinn leis a' Mhòd! Tha sinn an làn chreidsinn gun tachair leithid sin ann an Inbhir Nis am-bliadhna, agus gum buannaich am baile à bhith a' toirt aoigheachd dhan Mhòd a-rithist.

Tha caochladh ghnàth-fhaclan a tha ag innse gun tig math an lùib olc agus, leis gum bheil a' mhì-chinnt a thaobh dè bha gu bhith romhainn aig àm Mòd na bliadhna seo air ciallachadh gum bheil sinn air deisealachadh gus a' mhòr-chuid de na thachras ann an tallaichean Cùirt Eden a shruthadh beò air an eadar-lòn, tha fios againn gum faigh Gàidheil agus luchd-taic feadh an t-saoghal cothrom farchluais air na bhios a' dol tron t-seachdain. Bidh fàilte bhlàth orra dhan èisteachd agus tha sinn an dòchas gun còrd na chluinneas iad riutha!

Dh'iarrainn aithne a thoirt dhan taic maoineachaidd luachmhor a fhuair Mòd na bliadhna seo bho mhòran bhuidhnean, gu sònraichte Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Maoin Mathas Coitcheann Inbhir Nis, Caledonian Mac a' Bhruthainn, SQA agus Caraidean a' Mhòid, Caraidean a' Mhòid, agus ged nach pàigh taing an cuid coibhneis buidheachas cuideachd dha na ceudan luchd-taice a tha ag obair gu saor-thoileach gar cuideachadh gach bliadhna.

Bidh fiughair orm coinneachadh ribh agus tha mi a' guidhe seachdain thoilichte, agus mhisneachail, dhuibh uile ann am priomh bhaile na Gàidhealtachd!

Ailean Caimbeul,
Ceann-suidhe, An Comunn Gàidhealach



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries





AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

MESSAGE FROM THE PRESIDENT

A very warm welcome to the 2021 Royal National Mòd in Inverness! Since the announcement that we hoped to deliver a Mòd this year we have consistently said that it would be different from the usual event, this was unavoidable due to Covid regulations, and as the community lock-down meant that it was not possible for competitor groups to get together for practice. But even if a competitor group were ready and willing there was no certainty that such performance would be permissible, and for this reason we think it possible that fewer people will visit this year's Mòd.

I would be truly delighted if you were to prove my prophecy wrong, and for those who do come to listen at competitions and at the evening concerts, we are exceptionally proud that the sterling commitment of our team means you will hear outstanding music, and you will see Gaelic honoured and promoted with respect! This celebration of our culture, together with friendship in the gathering, is An Comunn's principal aim at the Mòd! We are confident that these aspirations will be fulfilled in Inverness this year, and that the city will benefit from hosting the Mòd again.

There are several proverbs which tell us that good often follows from evil and, as the uncertainty over what was going to be possible for us at this year's Mòd has meant that we have plans in place to enable the vast majority of Mòd events which take place in Eden Court's various halls to be streamed live on the internet, we know that Gaels and supporters world-wide will be able to eavesdrop to what will be taking place throughout the week. They will be most warmly welcome to the audience and we hope they enjoy what they hear!

I wish to acknowledge the valuable funding support which this year's Mòd has received from several organisations, particularly Bòrd na Gàidhlig, The Highland Council, Scottish Government, Highlands and Islands Enterprise, Inverness Common Good Fund, Caledonian MacBrayne, SQA and Friends of the Mòd, and although thanks always seems an inadequate response to their generosity our gratitude also to the hundreds of supporters who voluntarily help us each year. I look forward to meeting you, and I wish you all a happy and encouraging week in the capital city of the Highlands.

Allan Campbell,
President, An Comunn Gàidhealach



TEACHDAIREACHD BHON NEACH-GAIRM

Às leth a' Chomataidh Eagrachaidh Ionadail, bu mhath leam fàilte bhlàth a chur oirbh a dh'Inbhir Nis agus don sgìre mun cuairt gu Mòd Nàiseanta Rìoghail a bhios dha-rìribh gun choimeas, le co-mheasgachadh de fharpaisean agus de thachartasan far a bheil luchd-èisteachd agus farpaisich cruinn-còmhla aig àite-cruinneachaidh gu bhith cruinn-còmhla aig tachartasan air-loidhne, nì a tha a' ceadachadh dhuinn compàirteachadh sa Mhòd a thoirt gu prìomh bhaile na Gàidhealtachd gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Ann an 1972, fhritheil mi agus ghabh mi pàirt mar fharpaiseach sa chìad Mhòd Nàiseanta agam ann an Inbhir Nis, an dèidh siubhal à Taigh an Uillt còmhla ri buidheann de chloinn a bha an dèidh a bhith fo stiùir bhrosnachail an neach-teagaisg, Mòrag Robb, agus bha sinn dìreach air bhioran, a' faireachdainn dioghrasach agus miannach air mar a b' fheàrr a b' urrainn dhuinn a dhèanamh, ach le beagan eagail mu dè a bha romhainn.

Am-bliadhna, tha na h-aon fhaireachdainean agam agus tha mi làn dòchais gum bi com[1]pàrtichean agus farpaisich a' faireachdainn mar a tha mise, ach gum faod iad a bhith cinnteach à proifeiseantachd ar compàrtichean a tha air làmh ghniomhach a ghabhail an lùib a' chìad Mhòd Nàiseanta Rìoghail 'tar-chinealach' a thoirt thugaibh.

Tha sinn an dòchas gun còrd na tachartasan mòrbhaileach agus measgaichte ribh, an dàrna cuid gu pearsanta no air-loidhne, a' comharrachadh traidisean saidhbhir cànán is cultar na Gàidhlig còmhla ri nithean daineamach is co-aimsireil a bharrachd bho na Gàidheil òga, a tha a' riochdachadh àm ri teachd a tha soilleir is brosnachail don chànan.

Tha sinn air leth taingeil don Chomunn Ghàidhealach, don dòigh-obrach ùr-ghnàthach aca, am fulangas agus an comas air freagairt do gach suidheachadh, a tha air Prìomh Thachartas eadar[1]obrachail agus gun choimeas a chruthachadh ann an Inbhir Nis, nach gabhadh a dhèanamh às aonais taic leantainneach bho Chomhairle na Gàidhealtachd, Maoin Maith Choitchinn Baile Inbhir Nis, Bòrd na Gàidhlig agus ar sponsairean, còmhla ris a' Chomataidh Ionadail.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte a chur oirbh gu pearsanta agus air-loidhne gu Baile[1]mòr mòrbhaileach Inbhir Nis agus a' guidhe dhuibh taic a chur ris na farpaisean againn agus na tachartasan anns gach dòigh as urrainn dhuibh.

Bidh na nithean as fheàrr an-còmhnaidh nas cuimhneachail na nithean nach eil.

Alisdair Barnett
Neach-gairm, Comataidh Eagrachaidh Ionadail



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



MESSAGE FROM THE CONVENOR

On behalf of the Local Organising Committee I warmly welcome you to Inverness and surrounding Area for what will be a truly unique Royal National Mòd with a blend of competitions and events where audiences and competitors are at a venue to online events which allow us to bring virtual participation both nationally and internationally to the Highland capital.

In 1972 I attended and competed in my first National Mòd in Inverness having travelled from Taynuilt with a group of children who had been under the inspiring tutelage of our teacher Morag Robb and we had a sense of excitement, enthusiasm and eagerness to do our best along with a little apprehension about what we would experience.

This year I have the same outlook and fervently hope participants and audiences will have similar emotions and be reassured by the professionalism of our partners who have taken positive action to deliver our first 'Hybrid' Royal National Mòd.

We trust you will enjoy the wonderful and varied events, either in person or virtually online with the rich tradition of our Gaelic language and culture celebrated along with some dynamic and contemporary additions from the younger Gaels who represent a bright and encouraging future for the language.

We are extremely grateful to An Comunn Gàidhealach whose innovative approach, resilience and adaptability has created a unique and interactive Premier Event in Inverness which has only been possible with the continued support of Highland Council, Inverness City Common Good Fund, Bòrd na Gàidhlig and our sponsors along with our Local Organising Committee.

We look forward to welcoming you in person and virtually to our wonderful City of Inverness and encourage you to support our competitions and Events in every way you can. The comeback will always be more memorable than the setback.

Alisdair Barnett
Convenor, Local Organising Committee



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



PRÒGRAM A' MHÒID AN SEO!

Seo agaibh Prògram oifigeil Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021!


Gheibhear liosta de na farpaisean agus na tachartasan, a thèid a chumail ann an Cùirt Eden agus air-loidhne thairis air seachdain a' Mhòid.

Tha ticeadan airson farpaisean Cùirt Eden rin ceannach aig: <https://eden-court.co.uk/event/mòd-nàiseanta-rìoghail-2021-royal-national-mod-2021>

Thèid cuid de na prìomh thachartasan a chumail air-loidhne cuideachd. 'S urrainnear ticeadan airson seo a cheannach aig: <https://myplayer.uk/mod>

Bidh prògram slàn ri cheannach bho www.ancomunn.co.uk agus bho Cùirt Eden anns na làithean a tha romhainn cuideachd no cuiribh fòn thugainn air 01851 703 487.

Siuthad sibh, thigibh còmhla rinn airson seachdain air leth aig Mòd Inbhir Nis 2021!



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



MOD PROGRAMME LAUNCHED!

We are excited to bring you this year's official Royal National Mod Programme!

You will find all the information you need about events in Eden Court Theatre and Cinema and everything that will be happening online too. To purchase tickets for events taking place in Eden Court please visit: <https://eden-court.co.uk/event/mòd-nàiseanta-rìoghail-2021-royal-national-mod-2021>

Our premier events will also be streamed online. You can purchase tickets for these at: <https://myplayer.uk/mod>

A physical version of the Mod programme will be available to purchase from www.ancomunn.co.uk and from Eden Court in the coming days or by telephone to 01851 703 487.

Be sure to join us for a fantastic week of events for the Inverness Mod 2021!

Prògram an seo | Programme here:

<https://edition.pagesuite-professional.co.uk//launch.aspx?pbid=16c844be-71dc-4d03-9d73-d6025d482fa0>

MÒD INBHIR NIS TICKETED EVENT

FOSGLADH OIFIGEIL A' MHÒID /OFFICIAL OPENING OF THE MÒD



Dihaoine Friday
08.10.21 | 19:30
Eden Court

**STARAN, GLENFINNAN CEILIDH BAND
& MARGARET STEWART**

An evening of foot-stomping music to celebrate the launch of Mod 2021. Featuring performances from Staran and Glenfinnan Ceilidh Band with special guest, Margaret Stewart.

Oidhche de cheòl dannsa aighearrach sunndach mar chomharrachadh air fosgladh Mòd 2021. A' nochdadh ghniomhaidean air àrd-ùrlar bho Staran, Còmhlan-ciùil Ghleann Fhionnain le ooigh sònraichte, Maighread Stiùbhart.

TICKETS AVAILABLE FROM THE VENUE | www.edencourt.co.uk
£14 (£7 to An Comunn Gàidhealach members) | www.ancomunn.co.uk

MÒD
INBHIR NIS
2021





Tiocaidean a' Mhòid

Mòd Tickets

Physical tickets are available from:

<https://eden-court.co.uk>

Streamed tickets are available from:

<https://myplayer.uk/mod>

JustGiving

<https://bit.ly/3zBbqik>

MÒD INBHIR NIS TICKETED EVENT

AR CÀNAN 'S AR CEÒL /OUR LANGUAGE OUR MUSIC



Disathairne Saturday
09.10.21 | 19:30
Eden Court

ALL-STAR LINE UP

An all-star line-up of guest musicians including Duncan Chisholm, Mairead Green, James Duncan Mackenzie & the amazing Ar Cànan 's Ar Ceòl House Band.

Sreath cliúiteach de luchd-ciùil ainmeil leithid Donnchadh Siosalach, Mairead Green, Seumas Donnchadh MacCinnich agus Còmhlan Taighe Ar Cànan 's Ar Ceòl.

TICKETS AVAILABLE FROM THE VENUE | www.edencourt.co.uk
£14 (£7 to An Comunn Gàidhealach members) | www.ancomunn.co.uk

MÒD
INBHIR NIS
2021



Sangobeg
Investments
Ltd



TEANTA A' MHÒID

Àite / Venue: Mod Tent, Eden Court

Uair / Time: 1600-1800

Tioacaidean / Ticketing: Free

Luchd-taic / Sponsors: Fèisean nan Gàidheal

Ceòl Beò gach latha eadar 16:00-18:00 aig Teanta a' Mhòid.

Le ceòl agus seinn bho Finlay MacGillFhinnein, Saffron Hanvidge, Karen Elder, Amy Henderson, Còisir na h-Òige (BSGI) agus Grace Kelman, Lèrig, Ellen Dòmhnaillach, Còmhlan Cèilidh Fèis Spè, Stuart MacIntosh and Sean Cousins, Susanne MacDonald, Cala, Aonghas agus Anna MacLeod, Monach Isle Cèilidh Band agus Ceitidh Chaimbeul.



LIVE MUSIC IN THE MOD TENT

Live music each day in the Mod Tent, from 16:00-18:00.

Featuring performances from Finlay MacGillFhinnein, Saffron Hanvidge, Karen Elder, Amy Henderson, Còisir na h-Òige (BSGI) and Grace Kelman, Lèrig, Ellen Dòmhnaillach, Còmhlan Cèilidh Fèis Spè, Stuart MacIntosh and Sean Cousins, Susanne MacDonald, Cala, Aonghas and Anna MacLeod, Monach Isle Cèilidh Band and Ceitidh Chaimbeul.



MÒD INBHIR NIS TICKETED EVENT

AN EAR / EAST



Dimàirt Tuesday
12.10.21 | 19:30
Eden Court

LAUREN MACCOLL & GUESTS

A newly commissioned work inspired by coastal happenings and stories from around the Moray Firth, composed and performed by Lauren MacColl. Lauren is joined by Mairearad Green, Anna Massie and Rachel Newton, with visuals by filmmaker Zoe Paterson MacInnes, with songs from Arthur Cormack and Emma MacLeod.

Obair air ùr-choimiseanadh agus air a brosnachadh le tachartasan is sgeulachdan mu thimcheall costa Linne Mhoireibh, air a sgrìobhadh agus gniomhaichte le Lauren NicCholla. Còmhla ri Lauren air an àrd-ùrlar bidh Mairearad Green, Anna Massie agus Raonaid Newton, le ealaín lèirsinneach bhon dèanadar fhilmichean Zoe Paterson NicAonghais, agus òrain bho Art MacCormaig agus Emma NicLeòid.

TICKETS AVAILABLE FROM THE VENUE | www.edencourt.co.uk
£14 (£7 to An Comunn Gàidhealach members) | www.ancomunn.co.uk

MÒD
INBHIR NIS
2021



MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL INBHIR NIS 2021



Dràma a' Mhòid Mòd Drama




DRÀMA A' MHÒID / MÒD DRAMA

Àite / Venue: Eden Court, One Touch Theatre

Cuin / When: Diciadain 13/10/21

Uair / Time: 1900

Tiocaidean / Ticketing: physical tickets are available from: <https://eden-court.co.uk>
Feasgar de dhràma ùr Gàidhlig le gnìomhaidhean bho bhuidhnean coimhairsnachd leithid Buidheann Dràma Chille Mhoire, Sgioba Dràma Uibhist agus Buidheann Dràma Coimhairsnachd à Inbhir Nis. An evening of new Gaelic drama, with performances from community groups Buidheann Dràma Chille Mhoire, Sgioba Dràma Uibhist and Buidheann Dràma Coimhairsnachd from Inverness.



THE CLÀRSACH AT THE MÒD

Àite / Venue: Online: www.myplayer.uk/mod

Uair / Time: 2100

Tioacaidean / Ticketing: Tickets are available from MyPlayer at www.myplayer.uk/mod

Luchd-taic / Sponsors: The Clàrsach Society

Bithidh com-pàirteach air-loidhne a' comharrachadh 90 bliadhna de chàirdeas eadar Comann na Clàrsach agus am Mòd Nàiseanta Rìoghail.

Le taic bho chuid den luchd-gníomhaidh as grinne ann an Alba, bidh Joy Dunlop bhon BhBC gar toirt bho na 1930an chun an latha an-diugh, a' taisbeanadh chluicheadairean bho ghinealach ùr de chlàrsairean òga tàlantach.




THE CLÀRSACH SOCIETY

Experience our online celebration of 90 years of friendship between The Clàrsach Society and the Royal National Mòd.

Accompanied by some of Scotland's finest performers, the BBC's Joy Dunlop takes us from the 1930s to the present day, showcasing players from a new generation of talented, young clàrsairean

Tickets available at: www.myplayer.uk/mod



#cleachdi
aigantaigh

MÒD INBHIR NIS TICKETED EVENT

CUIRM NAN CÒISIR DIARDAOIN /THURSDAY CHOIRS CONCERT



Diardaoin Thursday
14.10.21 | 14:00
Eden Court
CÒISIREAN GÀIDHLIG

Gaelic choirs throughout the country are packed with musical talent and with no choir competitions this year there is an opportunity to hear choirs' favourite choice of songs.

Tha còisirean Gàidhlig air feadh na dùthcha loma-làn de thàlant ciùil agus às aonais fharpaisean chòisirean am-bliadhna, tha cothrom ann roghainn de òrain nan còisirean a chluinntinn.

TICKETS AVAILABLE FROM THE VENUE | www.edencourt.co.uk
£14 (£7 to An Comunn Gàidhealach members) | www.ancomunn.co.uk

MÒD
INBHIR NIS
2021



MÒD INBHIR NIS TICKETED EVENT

CUIRM NAN CÒISIR DIHAOINE /FRIDAY CHOIRS CONCERT



Dihaoine Friday
15.10.21 | 14:00
Eden Court
CÒISIREAN GÀIDHLIG

Day two of the Gaelic choirs showcase. Gaelic choirs throughout the country are packed with musical talent and with no choir competitions this year there is an opportunity to hear choirs' favourite choice of songs.

An dàrna latha de thaisbeannadh nan còisirean Gàidhlig. Tha còisirean Gàidhlig air feadh na dùthcha loma-làn de thàlant ciùil agus às aonais fharpaisean chòisirean am-bliadhna, tha cothrom ann roghainn de òrain nan còisirean a chluinntinn.

TICKETS AVAILABLE FROM THE VENUE | www.edencourt.co.uk
£14 (£7 to An Comunn Gàidhealach members) | www.ancomunn.co.uk

MÒD
INBHIR NIS
2021



MÒD INBHIR NIS TICKETED EVENT

CUIRM CRÌOCHNACHAIDH A' MHÒID /MÒD GRAND FINALE



Dihaoine Friday

15.10.21 | 19:30

Eden Court

SIAN & NEW TRADITION

A special evening of Gaelic music to mark the end of Mod 2021, featuring two of Gaeldom's favourite bands: SIAN and New Tradition.

Oidhche shönraichte le dhà de na còmhlaín-ciùil as ainmeile ann an saoghal na Gàidhlig:
SIAN agus New Tradition.

TICKETS AVAILABLE FROM THE VENUE | www.edencourt.co.uk
£14 (£7 to An Comunn Gàidhealach members) | www.ancomunn.co.uk

MÒD
INBHIR NIS
2021



BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)
£5 (students)

JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.



BÀRD A' CHOMUINN

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire

Tha cha mhòr dà bhliadhna air a dhol seachad on a fhuair mi urram mòr, leis gun deach m' ainmeachadh mar Bhàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich aig Mòd Nàiseanta Rioghaill Ghlaschu 2019. Aig Mòd Inbhir Nis an ath mhìos, togaidh an t-iar-theachdaiche agam an dreuchd, agus tha mi a' dèanamh fiughair ri failte a chur air an ath Bhàrd.

Bha e na thoileachas dhomh an colbh mìosail seo a sgrìobhadh, agus cuid den bhàrdachd agam fhìn a thairgse dhuibh, a bharrachd air mo smuaintean mu bhàird agus dàin eile tarringeach, no air a bheil mi fhìn dealasach. 'S e seo an colbh mu dheireadh agam fhìn, fhad's a tha mi fhathast ann an dreuchd a' Bhàird, agus mar sin dheth, tha e nàdarrach meòrachadh beagan le sùil air ais air an dà bhliadhna a dh'fhalbh.

'B e àm annasach agus dùblanach a th'air a bhith oirnn uile. Thàinig bacadh mòr air bàrdachd, litreachas, ceòl agus na h-ealain chruthachail. Cha b' ann ach air loidhne a dh'fhaodadh fèisean litreachais is ealain an cumail, fad bliadhna gu leth. Bha prògram làn thaisbeanaidhean beò aig fèisean sa phlana againn, airson an teirm agam mar Bhàrd a' Chomuinn; ach b'fheudar dhuinn a chuir dheth gu h-iomlan, a bha na bhriseadh-dùil mhòr.

Mar sin dheth, bha e an urra rinn dòighean ùr a lorg, gus tachartasan iomchaidh agus inntinneach a chuir air dòigh, agus tha mi a' creidsinn gum faod sinn a bhith moiteil às na chaidh againn air a choileanadh. Eadar Màrt 2020 agus Lùnastal 2021, nochd mi ann an deich tachartasan air-loidhne - caochladh thachartasan, a' leughadh bàrdachd, a' gabhail òrain agus ann an còmhraidhean, agus a' nochdadadh aig fèisean air-loidhne. Bu mhiann leam mo thaing a chur an cèill don fheadhainn a chuir na tachartasan air dòigh agus a thug taic riutha, agus do na co-bhàird, luchd-ciùil agus luchd-acadaimigich a nochd còmhlairum. Tha mi fada nur comain uile. Gheibh sibh barrachd fiosrachaидh mun deidhinn anns na colban mìosail gu ruige seo!

Tha mi cuideachd air crìoch a chur air dà leabhar ùr, rè na bliadhna a dh'fhalbh. Is e a' chìad fhear 'An Seachdamh Tonn', cruinneachadh bàrdachd agus òrain Ghàidhlig, a dh'fhoillsich Acair san Ògmhios 2021:
<https://acairstore.com/product/books/fiction/poetry/an-seachdamh-tonn/>.

Is e an leabhar eile 'An Naomhsgeul as Buaine: Sgàthan Cinne-Daonna is Aiteal Dhé'. Tha an leabhar seo, a thèid a chlò-bhualadh ro dheireadh na bliadhna, na thoradh à coimisean bho Acadamaidh Rioghaill na h-Èireann, airson sreath mhòir bàrdachd ùr, gus 1500 bliadhna a chomharrachadh on a rugadh Calum Chille.
<https://www.ria.ie/news/library-focloir-stairiuil-nagaeilge-coiste-leann-na-gaeilge-litriocht-na-gaeilge-agus-na>

Fhuair mi trì coimiseanan a bharrachd san ùine agam mar Bhàrd a' Chomuinn, agus chaidh iarraidh orm cuideachd breithneachadh air farpais bàrdachd no dhà. Bha mi nam bhrithearmh Gàidhlig airson Duais Bàrdachd Bhaile na h-Ùige, agus chaidh na dàin is bàird a choisinn na duaisean ainmeachadh o chionn ghoirid:
<https://www.wigtownpoetryprize.com/poetry-competition/2021-prize-winners>

'S e cùis aoibhneis is gàirdeachais gu bheil fèisean litreachais a' tòiseachadh as ùir, mu dheireadh thall, beò agus aghaidh ri aghaidh. Tha mi fhìn a' dèanamh fiughair mhòr ri nochdadadh aig cuirmean-bogaidh leabhair, agus dàin agus òrain a ghabhail às na leabhraichean ùr agam - aig dà phrìomh thachartas na bliadhna: Fèis Leabhraichean Bhaile na h-Ùige, air Disathairne 2 Dàmhair: <https://www.wigtownbookfestival.com/program/event/428397676/>; agus aig Mòd Nàiseanta Rioghaill Inbhir Nis, air Diciadain 13 Dàmhair - Latha Litreachais fhèin. Fiosrachadh mu iomall a' Mhòid an seo:
<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/fringe>.

Agus bidh mi cuideachd a' nochdadadh aig Fèis Leabhraichean Nis air Dihaoine 1 Dàmhair:
<https://nessbookfest.com/nbf-2021-events/> Tha mi an dòchas ur faicinn ann am Baile na h-Ùige, no Inbhir Nis!

San dealachadh, bu mhath leam teachdaireachd brosnachaidh sìmplidh gu leòr a chur an cèill do gach sgrìobhadair - stèidhichte no ùr is dòchasach - dìreach: togaibh bh'ur peann agus - sgrìobhabh! Gheibh sibh gu h-ìosal earrann (trì rannan) à dàn tiotal-an-leabhair ùir agam, dàn aig a bheil amas sònraichte; na bana-bhàird a bhrosnachadh gus na tàlantan acasan a choileanadh - agus le fein-earbsa.

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, a chàirdean. Beannachdan cridheil, mar an còmhnaidh. Sandaidh

BÀRD A' CHOMUINN

Dear Friends,

Nearly two years have passed since I received the great honour of being named Gaelic Crowned Bard – Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealach – at the Glasgow Mòd 2019. At the Inverness Mòd next month my successor will assume the post, and I look forward to welcoming the new Bàrd into the role.

It has been a pleasure to write this monthly column and share some of my own poetry with you, as well as my thoughts about other poets and poetry to which I am drawn, or which fire my enthusiasm. As this is my last column to you whilst still in post as the Bàrd, it feels only natural to cast a reflective eye back over the past two years.

We have been living in extraordinary times which have burdened us all. Poetry, literature, music and the creative arts have been severely constrained. It has only been possible for literary and arts festivals to take place online for the last year and a half. The very full programme of live appearances at such festivals which we had planned for my bardic term was cancelled in its entirety, which was a grave disappointment.

So, we had to find ways to mount interesting and appropriate events virtually, and I believe we can be proud of what we managed to achieve. Between March 2020 and August 2021, I took part in ten online events – a mix of events featuring poetry readings, songs, conversation; and appearances at online festivals. I am very grateful to all who organised and supported these events, and to the fellow-poets, musicians and academics who kindly appeared with me. I owe you all sincere gratitude. More detail on those events is available in past months' columns!

I have also completed two new books in the last year. The first is 'The Seventh Wave', a bilingual collection of Gaelic poetry and songs published by Acair in June 2021: <https://acairbooks.com/product/books/fiction/poetry/an-seachdamh-tonn/>.

The other book is 'The Most Enduring Saint's Fable – Mirror of Humanity and Glimpse of God'. This book, which goes into print before the end of the year, has been the fruition of a commission from the Royal Irish Academy, for a significant new suite of poetry to mark 1500 years since the birth of St Columba. <https://www.ria.ie/news/library-focloir-stairiul-na-gaeilge-coiste-leann-na-gaeilge-litriocht-na-gaeilge-agus-na>

I received three other commissions during my bardic term, and was also asked to judge a couple of poetry competitions. I was the Gaelic Prize judge for the Wigtown Poetry Prize, whose results were recently announced:

<https://www.wigtownpoetryprize.com/poetry-competition/2021-prize-winners>

It is wonderful that literary festivals are at last beginning to happen again, live and face to face. Indeed, I'm looking forward to appearing at book-launches and performing poems and songs from my new books, at two events which are of course highlights of the year:

The Wigtown Book Festival, on Sat 2 October:

<https://www.wigtownbookfestival.com/programme/event/428397676/>;

and at the Royal National Mòd in Inverness on Weds 13 October – Literature Day. Details of the Mòd fringe here: https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/fringe_

I am also featuring at the Ness Book Festival on Fri 1 October:

<https://nessbookfest.com/nbf-2021-events/> I hope to see you in Wigtown or Inverness!

To conclude, I would like to leave you with a message of encouragement to all writers, established or aspiring, simply to pick up your pens and – write! I offer you here an excerpt (three verses) from the title-poem of my new collection, intended in particular to encourage female bards to pursue their talents, and with self-belief.

Keep safe and well, friends.

Warmest wishes, as ever.

Sandy



WWW.SANDYNICDHOMHNAILLJONES.COM

BÀRD A' CHOMUINN

An Seachdamh Tonn

Rann 1

Thigibh air bàrd, a mhnathan ròghnaicht',
bìrlinn nam bana-bhàrd 's an Ceòlraidh,
's fo a bòid: bheir 'n Seachdamh Tonn -
an stuadh as treas', as àirde -
gu sàbhailte sibh thar bàrlinn
gu ceann-uidh' geallaichte do bhàrdachd
nam bana-shonn.

Rann 5

Sgrìobh! Cha robh ach seachdnar dhinne:
is tearc na bana-bhàird, thar linne,
- ro thearc! - a thog an crùn.
Sgrìobh! Ban-fhàidh is saoidh thu;
is tùsanach, 's chan aoigh thu
an tir nam bàrd; ban-draoidh thu,
's an dàn do rùn.

Rann 7

Ràinig ar long a ceart cheann-uidhe,
ag acair am fèath a' chala-guidhe,
's fhuaire dàin na mnà a fonn
am pòsadh grinn - is binn an fhuaim,
air fadadh leis ar Ceòlraidh smuain.
Is coileanta sàr-bhòid a' chuain:
an Seachdamh Tonn.

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

The Seventh Wave

Verse 1

Come aboard, chosen crew of women;
board the female bards' galley, and hear
your Muses' Oath: the Seventh Wave -
the highest, most powerful surge -
will bear you safely over the seas
to the destination promised to
poet-heroines.

Verse 5

So: write! Only seven female bards
in a hundred years have
won the crown - too rarely!
Write! You are worthy, learned, wise;
a citizen of bard-land, not a visitor;
a druidess, a seer pre-destined
to poetry, our art.

Verse 7

Our ship has reached her destined port,
drops anchor in the sheltered haven.
Our women's verse and artful tunes
sing out their sweet response
to the Muses' lightning spark.
The sea fulfils its solemn Oath:
The Seventh Wave.

WWW.SANDYNICDHOMHNAILLJONES.COM



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



SEÒLAIDHEAN PUIST-DEALAIN AIRSON BUILL A' CHOMUINN

Ma tha sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach, bhitheamaid fada nur comain nan dèanadh sibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh ceart anns a chunntas agaibh.

Gheibh sibh a-steach dhan chunntas agaibh an seo: <https://enter.ancomunn.co.uk>

Gu sònraichte, dèanaibh cinnteach gu bheil seòladh post-dealain againn dhuibh, gus am bidh sibh a' faighinn fiosrachadh bhuainn.

Cuiribh fios gu peigie@ancomunn.co.uk airson tuilleadh fiosrachadh.

BÙTH A' CHOMUINN

Tha Bùth a' Chomunn Ghàidhealaich dùinte an dràsta don phoball ach 's urrainn stuth a cheannachd air-loidhne [an seo](#). Thoiribh suil agus ma tha càil ann a tha sibh airson a cheannach, gheibhear e an sin.

Tha Buill a' Chommuinn a' faighinn lughdachadh 10% air nithean sa bhùth. Ma tha sibh a' lorg rudeigin nach eil anns an stòr againn, cuiribh fios gu: peigie@ancomunn.co.uk

E-MAIL CONTACTS FOR AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERS

If you are a member of An Comunn Gàidhealach, please check your details are correct in your online account.

You can access your account here:
<https://enter.ancomunn.co.uk>

Please ensure we have an email address for you, so that you will receive future correspondence from the organisation.

Please contact peigie@ancomunn.co.uk for further information.

AN COMUNN GÀIDHEALACH SHOP

The An Comunn Gàidhealach Shop is closed to customers but our online facility is available [here](#). Have a browse and if you see anything you fancy, you can order it there.

Members of An Comunn Gàidhealach receive a 10% discount. If you are looking for something in particular, but cannot see it on our website, please do not hesitate to contact us:

peigie@ancomunn.co.uk



CALL FOR MUSICIANS

Record from home!

3 professionally produced tracks

Top-of-the-range equipment

Hands-on experience



We're looking for 10 Gaelic or Scottish traditional musicians in the Highlands and Islands to be recorded remotely over the internet (for free!) by Wee Studio in Stornoway. [Turn over for more info.](#)

Clàradh
san
Sgòth
CLOUD RECORDING

You will take part in every stage of the recording, editing and mixing, all from the comfort of your own home.

Professional recording equipment will be sent to your home and controlled remotely by Wee Studio in Stornoway, just the same as if you were in the studio.

You will get:

3 professionally produced tracks

Access to top-of-the-range equipment

Hands-on experience, gaining knowledge for future home recording and an introduction to working in a professional recording studio

HOW TO APPLY

- Visit our site: www.claradhsansgoth.co.uk
- Upload 1 or 2 audio or video tracks showing your musical talent (*recording quality unimportant, feel free to use your phone*)
- Fill in a questionnaire for your details

APPLICANTS MUST:

Be planning to record Gaelic or Scottish traditional songs or tunes

Be from (*or living in*) the Highlands and Islands

Have free days available between 28/09/21 and 02/12/21

Have internet access and a space to record (*bedroom/living room/garage is fine*)




APPLICATION DEADLINE: 4th OCTOBER 2021

WEE STUDIO
RECORDS

CREATIVE
LAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

Clàradh
san
Sgòth
CLOUD RECORDING

www.claradhsansgoth.co.uk



Deagh chothrom le Wee Studio agus Alba Chruthachail!

Ceann-latha airson clàradh - 4 Dàmhair!
[https://www.claradhsansgoth.co.uk/](http://www.claradhsansgoth.co.uk/)

A great opportunity with Wee Studio and Creative Scotland!

Deadline for entries is the 4th of October!
[https://www.claradhsansgoth.co.uk/](http://www.claradhsansgoth.co.uk/)

FOGHLAM TRO GHÀIDHLIG ANN AN ALBA NUADH

Tha Bòrd na Gàidhlig fior thoilichte fàilte a chur air fosgladh na ciad Bun-sgoil tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Mabou, Alba Nuadh. Is e seo a' chiad sgoil tro mheadhan na Gàidhlig ann an Ameireaga a Tuath agus a' chiad tè taobh a-muigh na h-Alba.

Chaidh a' Bhun-sgoil Ghàidhlig, air a bheil Taigh-sgoile na Drochaide, a chruthachadh mar phròiseact coimhlearsnachd neo-phrothaid le taic bho air feadh na coimhlearsnachd agus chaidh tidsear làn-ùine fhastadh bho chionn ghoirid.

Lìbhrigidh an sgoil prògram bogaidh do chloinn bun-sgoile le fòcas air a bhith a' togail sgilean Gàidhlig.

Tuilleadh air an lèrach-lìn againn:

Foghlam tro Ghàidhlig ann an Alba Nuadh - Bòrd na Gàidhlig (gaidhlig.scot).



GAELOC MEDIUM EDUCATION IN NOVA SCOTIA

Bòrd na Gàidhlig is delighted to welcome the opening of the new Gaelic-medium Primary School in Mabou, Nova Scotia. This is the first Gaelic-medium school in North America and the first outside of Scotland.

The Gaelic-medium Primary school, called Taigh Sgoile na Drochaide, has been developed as a non-profit making community project with support from across the community and has recently appointed a full-time teacher.

The school will deliver an immersion programme for primary children with a focus on developing Gaelic-language skills.

Foghlam tro Ghàidhlig ann an Alba Nuadh - Bòrd na Gàidhlig (gaidhlig.scot).



Obraichean Gàidhlig

MUR DEIDHINN

Chaidh Obraichean Àgidhlig a stèidheachadh ann an 2016 airson sanasan-obrach ri linn na Àgidhlig a shanasachd air-loidhne. Bhon uair sin, tha còrr is 1,000 dreuchdan Àgidhlig air a bhith ri fhaighinn air feadh na h-Alba.

OBRAICHEAN

Faic na h-obraichean a tha ri fhaighinn an-dràsta agus dèan tagradh.

CLÀRAICH

Clàraich leinn airson cunntas-bheatha, rabhaidhean no chomharrachean a dhèanamh.

DÈAN SANAS-OBRACH

Cuir sanas-obrach air an làrach saor an-asgaidh 's lorg luchd-tagraigdh.

CUAIRT-LITIR

Clàraich airson ar chuairt-litir 's gheibh thu fios air obraichean ùra.

OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG RI FHAIGHINN AN-DRÀSTA

Gheibh sibh an seo na h-obraichean Àgidhlig a tha air an sanasachd an-dràsta air feadh na h-Alba.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)

ABOUT OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG

Obraichean Àgidhlig was founded in 2016 to help advertise Gaelic job vacancies online. Since then, over 1,000 positions have been advertised from across Scotland.

JOBS

See what jobs are currently available and apply.

SIGN UP

Register on the site to create a CV, alerts or bookmarks.

POST A JOB

Post your job on the site for free and find applicants quickly.

NEWSLETTER

Sign up to our newsletter to get new jobs to your inbox when they're posted

GAEILIC JOBS AVAILABLE RIGHT NOW

Here you'll be able to find all of the Gaelic jobs listed right now across Scotland.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)





Tha Agnes Rennie air a dreuchd a leigil dhith mar mhanaidsear aig Acair.

Bha ì ag obair aig a' chompanaidh o 1982-1992 agus 2010 chun mhios seo fhèin, a' cuir ceudan de leabhraichean a-mach dhan a h-uile aois; gach cuspair agus cànan, ficsein no neo-fhicsein, tana no tomadach.


Tapadh leat bhon a h-uile duine aig Acair agus tha sinn an dòchas gun còrd do chluaineas riut!



Agnes Rennie retired recently as Acair manager. She worked for the company from 1982-1992, and from 2010 until earlier this month.

Acair published several hundred books under her leadership, from children's to general, fiction to non-fiction, ten pages to five hundred in multiple languages.

A huge thank you to Agnes from everyone at Acair for her immense contribution over the years.



ON TIDAL ZONES
OPEN SESSION
#004

OBAN GAEILIC CHOIR

MINI OUTDOOR CONCERT WITH A SELECTION OF SONGS OF THE SEA



7PM, THURSDAY 30 SEPTEMBER 2021
AT GEORGE STREET SQUARE BY OBAN BAY
FREE, ALL WELCOME!

**TABHARTASAN A' CUMAIL TAIC
RIS NA H-EALAIN GÀIDHLIG
GRANTS TO SUPPORT GAELIC
ARTS PROJECTS**

**Ceann-latha airson iarrtasan
05/11/2021**
Deadline date for applications

Stiùireadh agus foirm-iarrtas
www.feisean.org/meg
Guidance and application form

Administered by



Funding From



Supported by
The National Lottery®
through Creative Scotland



**MAOIN
NAN
EALAN
GÀIDHLIG**

Dihaoine 1 Dàmhair, 4 - 4.45f



CAFE BHEAIRTEIS



Friday 1 October, 4 - 4.45pm

Cafe Gàidhlig air loidhne air a stiùireadh le òigridh airson a h-uile duine aois 12 - 26.

Weekly online Gaelic conversation cafe led by young people and open to everyone aged 12 - 26 with all levels of Gaelic.



Aoigh na seachdain-sa:
Mòrag Anna NicNèill

*This week's guest:
Mòrag Ann MacNeil*

tinyurl.com/cafeoigridh

#cleachdi
aigantaigh



CABADAICH AIR LOIDHNE S1 - S3

Dimàirt/ Tuesday 14/09

Dimàirt/ Tuesday 21/09

Dimàirt/ Tuesday 28/09

Dimàirt/ Tuesday 05/10

4:45pm - 5:15pm

Cothrom dhan òigridh Gàidhlig a' chleachdadadh ann an suidheachadh neo-fhoirmeil.

An opportunity for young people to use Gaelic in a fun and informal setting.

**AIRSON BARRACHD FIOSRACHADH/ FOR MORE
INFORMATION:MAIRIBHEAG@CNAG.ORG**



**#cleachdi
aigantaigh**

Leugh 's Cluich le Linda



Thig còmhla ri preasantair telebhisean chloinne Linda NicLeòid airson Leugh 's Cluich le Linda - seiseanan-leughaidh Gàidhlig lomailàin sgeulachdan, rannan is greamannan. Bho Chomhairle nan Leabhrachaean.

Air Microsoft Teams.

9:15m – 9:45m (sgoil-àraich)
10:00m – 10:30m (P1/P2)
10:30 – 11:00m (P3/4)

19.08.2021
26.08.2021
02.09.2021
09.09.2021
16.09.2021
23.09.2021
30.09.2021
07.10.2021

Càraich an-seo:
<https://forms.office.com/r/Yjh85mfw2B>



Leugh 's Cluich le Linda



Join children's TV presenter Linda NicLeòid for Read and Play with Linda - a Gaelic reading session full of stories, rhymes and games. From Comhairle nan Leabhrachaean, the Gaelic Books Council.

The sessions will take place via Microsoft Teams within Glow. Please ensure you register with your Glow username or Glow e-mail address. All those registered for the sessions in June 2021 will be able to access them via the existing 'Leugh is Cluich le Linda' team.

9:15m – 9:45m (nursery session)
10:00m – 10:30m (P1/P2)
10:30 – 11:00m (P3/4)

19.08.2021
26.08.2021
02.09.2021
09.09.2021
16.09.2021
23.09.2021
30.09.2021
07.10.2021

New registrations:
<https://forms.office.com/r/Yjh85mfw2B>





Sgeulachdan Traidiseanta

18 Sgeulachdan Traidiseanta agus Albannach beothaichte do chlann



www.sgeulachdan.scot

 Stòrlann
 Bord na Gàidhlig


anseotal
Stòr-dàta Briathrachais Gàidhlig

Briathrachas
Cruinn-eòlais

cruinn-eòlas

www.anseotal.org.uk

Dathan Dachaigh

Download on the App Store 

GET IT ON Google Play 



 Stòrlann  Bord na Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig dhuinn uile
www.gaelic.education

<https://www.facebook.com/storlann/>



#cleachdi
aigantaigh

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear:

Seumas Greumach

Oifigear a' Mhòid:

Seonag Anderson

Oifigear Thachartasan agus

Chonaltraidh Digiteach:

Rowan NicPhàdraig

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn:

Peigi NicLlinnein

Oifigear a' Mhòid:

Marina NicAoidh
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach

Aonad 7a

7 Sràid Sheumais

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigie@ancomunn.co.uk



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



#cleachdi
aigantaigh

